

Nàiseanta 5 Gàidhlig Labhairt Ceòl

Earrann air a' chuspair, "Tha ceòl cudromach".

Ceist: Madainn mhath, a Mhàiri. Tha thu a' dol a thoirt do bheachdan air a' chuspair, "Tha ceòl cudromach". Siuthad ma-thà. Inns dhomh dè do bheachdan air a' chuspair.

Màiri: Madainn mhath. Tha mise a' smaoinichadh gu bheil ceòl cudromach. Tha ceòl a' dol agamsa bho mhoch gu dubh.

Nuair a dh'èireas mi sa mhadainn bidh mi a' cur air an cluicheadair mp3 agam. Tha inneal-cluich mp3 ri taobh mo leapa, bidh mi a' stobadh an cluicheadair mp3 ann air an oidhche agus tha ceòl a' tighinn air aig a seachd a h-uile madainn airson mo dhùsgadh. Mar as trice 's e Mòran a bhios ga mo dhùsgadh leis an òran *Latha Math*. Is fìor thoigh leam e.

Nuair a bhios mi a' gabhail mo bhracaist bidh ceòl a' cluich air an rèidio. Chì sibh gu bheil ceòl den h-uile seòrsa a' còrdadh rium, cho fad 's a tha e ceòlmhor. Cha toigh leam ceòl a tha gleadhach.

Air a' bhus dhan sgoil sa mhadainn cha bhi mi fhìn 's mo chàirdean a' bruidhinn - tha e ro thràth. Bidh sinn ag èisteachd ris na cluicheachdairean mp3 againn. Is dòcha còmhlan Albannach no is dòcha còmhlan Èireannach.

Ceist: A Mhàiri, tha mi a' faicinn gu bheil ceòl cudromach dhut - chan eil thu a' dol a dh'innse dhomh gum bi thu ag èisteachd ri ceòl sa chlas, a bheil?

Màiri: O chan eil. Chan eil e ceadaichte dhuinn a bhith ag èisteachd ri ceòl sa chlas, ach faodaidh sinn èisteachd ris aig aon uair deug 's aig àm dinnearach. Ach, mar as trice aig àm dinnearach bidh mi fhìn 's mo charaidean a' coiseachd mun cuairt 's a' còmhradh. Uaireannan mu cheòl, ach glè thrì mu na tha air tachairt san sgoil a' mhadainn ud.

Ceist: Am bi thu fhèin no duine san teaghlach agad a' cluich ionnsramaid ciùil, a Mhàiri?

Màiri: Bidh. Tha mi fhìn dìreach air tòiseachadh air...